



# Murtadh na Ceapaich

## le Iain Lom

### Amasan

Gheibhear an cothrom rudan ionnsachadh mu :

- Iain Lom agus a chuid obrach
- bhuaidh nam bàrd sna linntean a dh'fhalbh

### Gnìomhan

- Rannsachadh co-theacs
- Tuigse is Anailis
- Ceistean aon neach

### Goireasan

- <http://digital.nls.uk/learning/gaelic-bards/>
- <http://faclair.info>

### Cò i is carson a rinn i am pìos seo?

Uair sam bith a thathar a' sgrùdadh bàrdachd, tha e cudromach gun tuigear beagan mun bhàrd fhèin agus an saoghal anns an robh iad beò. Bidh e nas fhasa an uair sin a bhith a' tuigsinn nan rudan air a bheil am bàrd a-mach agus na rudan a thug orra am pìos a chruthachadh.

Air làrach-lìn Leabharlann Nàiseanta na h-Alba, tha mòran ghoireasan feumail ann – tha an ceangal air bàrr na duilleige seo. Cliog air 'Murtadh na Ceapaich' agus leugh am fiosrachadh a tha an sin, air a bheil 'Sgeul beatha Iain Luim MhicDhòmhnail' agus 'Mun fhìos bàrdachd'. Thoir sùil gheur air na tha sgrìobhte an sin agus dèan notaichean stèidhichte air na cinn a leanas:

### Notaichean

- Òige is foghlam
- Comasan agus dreuchd a' bhàird
- Ùpraid sa chinneadh
- Strì son cumhachd
- Iomairt son ceartas

Dh'fhàg àlach am biodag  
mar sgàile-ruidle ur bian

## Tuigse

'S e pìos cumhachdail, tomadach a th' ann am Murtadh na Ceapaich, sa bheil cànan a tha an dà chuid làidir agus toinnte.

Leugh a' bhàrdachd gu dlùth, agus còmhla ri neach eile sa chlas, feuch an urrainn dhuibh togail na tha am bàrd ag innse dhuinn anns gach rann.

Sgrìobhaibh sìos ur beachdan. Bhiodh e feumail cuideachd faclan sam bith air nach eil sibh eòlach a lorg san fhaclair.

## Anailis

Nuair a tha deagh thuigse agad air a' bhàrdachd, tha thu deiseil airson beagan anailis a dhèanamh. Le pinn-dhaithte, dèan sgrùdadh air a' bhàrdachd a' cur dath air eisimpleirean de na cleasan a leanas::

- taghadh facail
- iomhaigheachd
- samhlaidhean is meatafòran
- cruth
- comhardadh

Beachdaich air cho soirbheachail 's a bha Iain Lom ann a bhith a' cleachdadh nan sgilean seo agus air an fheum a tha iad a' dèanamh dhan bhàrdachd.

## Teachdaireachd is buaidh

B'è obair chudromach a bh' ann am bàrdachd ann an saoghal nan cinnidhean agus is cinnteach gun robh amasan sònraichte aig a' bhàrd nuair a rinn e am pìos seo.

Freagair na ceistean seo, a' cleachdadh eisimpleirean is fianais bhon bhàrdachd nuair a tha sin iomchaidh:

1. Inns mu thòna agus teachdaireachd a' phìos seo.
2. Dè na h-amasan a bh' aig Iain Lom nuair a rinn e am pìos seo?
3. Tagh an rann as fhearr leat agus mìnich carson a tha e a' còrdadh riut.
4. Dè tha am pìos seo ag innse dhuinn mu dhreuchd a' bhàird sna làithean a dh'fhalbh?

### Gnìomh leudachaidh:

*Cruthaich bòrd-sgeulachd a tha a' sealltainn sgeulachd 'Murtadh na Ceapaich'*

*Ullaich taisbeanadh goirid*

An t-aon fhùrain a b' àillidh  
Bh'anns a' phàirc gam bi spèis,  
Mar gun rùisgeadh sibh àilean  
Leis an fhàladair gheur.